A. M. D. G.

# CRABHADH
DO'N
# TIGHEARNA IOSA:
ANN AN

Sacramaid Naomh na H-Altairach,

(Air a Thionnadh gu Gaidhlig,)

LE

GILLEASBUIG P. CAIMBEUL, S.J.

LIVERPOOL:

Thomas Benson, 29, Salisbury Street.

1879.

A. M. D. G.

# CRABHADH
DO'N
# TIGHEARNA IOSA:
ANN AN
## Sacramaid Naomh na h-Altairach,

(AIR A THIONNADH GU GAIDHLIG,)

LE

GILLEASBUIG P. CAIMBEUL, S.J.

Air do shonsa 'm phriosanach,
'S mi gal an lathair Dhe,
'Guidhe air M'Athair truas 'a ghabhail
Ortsa 'thruaghain fhaoin;
Tha mise moch is anamoch,
'An so gam thairgse Fhein.

LIVERPOOL:

THOMAS BENSON, 29, SALISBURY STREET.

1879.

AP.1.207.040

# AN ROI' RÀDH.

'S ANN airson muinntir mo dhucha, Creidaich Chaitlicaich na Gaidhealtachd nach do threig riamh an Creideamh beannaichte ach a dh'fhan daonnan dileas do Theagasg Eaglais Naoimh Dhé, tha'n leabhar beag so air a thionndadh gu Gaidhlig. Gu'm bi toill bheannaichte an Ti 's Airde mata, gu'n faigh iad gach ni a tha dh uireasubh orre agus gu sonraichte an t-ionmhas ro-phriseil sin a tha iad a g'iarraidh anns an urnaigh so; eolas air ar Tighearna Beannaichte agas fior ghaol a thoirt Dha.

Agas gheibh iad sin gun teagamh agus gun amhuras mu chuireas iadsan an earbsa Annsan agas na Mhathair Naomh ar Bain-tighearna Bheannaichte. Anns an urnaigh so tha sin a cuir an cuimhne do'n Tighearna Iosa na rinn e air arsonne; agus is e so a thig ris. Is ro-mhath leis gum bi sin a cuir an cuimhne dha fo am gu am na rinn e riamh air arson agus na dh' fhulaing e as leth a ghaoil gun choimas a thug a dhuinn. Agus mar is mua a smaoineacheas sin fhein air na dh'fhulaing e agus na rinn e air arson

TIONAL LIBRAR
B
6
2007

durachdach airson ar luchd-duthcha los gun tuig iad gu soilleir gur ann "Gu eolas a bhith *acha* air, gaol a thoirt da, agus seirbheis a a dhianamh dha 'sa bheatha so, 'sa bhith sona maille ris FHEIN *(Tha' latha 'sa oidhche air an Altair)* 'sa bheatha shiorriudh" a thainig iad a dh'ionnsuidh an t-saoghail so. Gu'm bi toill bheannaichte Ni Math mata n'uair a 'thig an latha mor sin, luath mall 's gu'n d'thig e, gu'n cluinn sinne agus iadsan na briathran solasach sin bho bhilean beannaichte Fhein. "Thigibh, sibhse a mhuinntir bheannaichte M'Athar, gabhaibh seilbh anns an rioghachd a chaidh uidheamachadh dhuibh bho thùs an t-saoghail."

FAODAR AN

# CRABHADH

A LEANNAS A RADH CHUM GRASON AIR BITH FHOADAINN FO LAMH FHIALAIDH, BHEANNAICHTE AN

# TIGHEARN IOSA

*'Tha na phriosanach a latha 's oidhche anns a phaillean air an Altair.*

O MO Thighearn Iosa ! Le uile umhlachd mo chridhe agus le mor earbsa ad mhathas tha mi guidh ort do ghrasan a thoirt dhomh chum eolas a bhi agam ort agus fior ghoal a thoirt dhut. Tha mi guidh nan gras so ort air sgath t-ainm noamh Iosa.

nach ann is mua gu mor a dheibh sinn fior colas air? Agus n'uair a bhithcas am barachd colas againn air, nach ann a sin a bheir sinn am baraehd gaoil Dha? Agus eo is urrain mi-thlachd a a chuir air a tha toirt uile ghaol a chridhe do dh' Iosa? An dian sinne mata, dearmad air sinn fhein a thairgse Dha agus sinne fhein a choisrigadh dha mar a rinn Esan E Fhein a thoirt suas air arsonne!

O nach sinne bu choir a bhi taingail an deigh 's rinn an Tighearna Beannaichte airson gach aon againne; agus an doigh shonraichte anns an do bheannaich e sinn os cionn roinn mhor d'ar luchd-duthcha. Nach do rugadh, nach do thogadh 's nach deachaidh air n' araeh 'na Eaglais Naomh Fhein? Feumaidh sinne mata sinn fhein a dhearbhadh n' ar cloinn ro-mhuirneach, ionmhuinneach Dhasan, gu h-araidh ann an Sacramaid naomh na H-Altairach anns a bheil Esan a latha 's oidhche 'nochadh a leithid do ghaol gun choimas do gach aon againne. O smaoinaichaibh air na suinn bho'n d thainig sibh. Thugaibh fonear na dh'fheum iadsan fhulang airson a Chreideamh Naomh, n'uair a b'fhearr leis na ciadan dhiuth cul a chuir gu brach ri duthaich an sinnsireachd a roghainn air a phong bu lugha do'n Chreideamh aicheadh. Thugadhmid Mata buidheachas do Dhia nan gras airson a mhathas agus a chaoimhnas n' ar taobhne; agus guidhmid gu

O mo Thighearn Iosa! Tha mi guidh Ort do ghrasan a thoirt dhomh chum eolas a bhi agam ort agas fior ghaol a thoirt dhut. Tha mi guidh na grasan so Ort air sgàth do lamhan naomh. Air sgàth nan lamhan naomh sin a bha cho minic agus tric air an togail suas ri t-Athair neamhaidh, a griosad air truas a ghabhail orrune agus mathanas a thoirt dhuinn.

Air Sgàth nan lamhan sin a shìn Thu cho tric a mach gus air togail a suas.

Air sgath nan lamhan naomh sin a shìn cho minic a mach chum air glacail na'd shìth agus na'd 'ghaol beannaichte.

Air sgath nam lamhan beannaichte sin a leig Thu cho tric air ar creachdan chum an leigheas.

Air sgath nan lamhan beannaichte sin a bha cho tric air an togail suas chum air dion agus air beannachadh,

Air sgath nan lamhan beannaichte sin a chaidh a tholladh agus a thairngachadh ris a chrois air arsonne.

Air sgath nan lamhan beannaichte sin anns a bheil fhathast larach agus athailt nan lot; agus a tha toirt coir dhuinne a bhi cuir daonnan an cuimhne dhut mar a ghradhaich Thu sinn agus mar a tha Thu a ceadachadh dhuinn duill a bhi againn ri gach ni fhaodain bho d' chridhe.

Air sgath Iosa t-ainm ciuin a thug t-Athair dhut.

Air sgath t-ainm O Iosa a ghabh Thu Fhein le leithid do speis, do sholas do dhurachd agus do dheadh-thoill mar chumhnanta gus gach ni fhulang air airson, gach ni a dhioladh air airson, gach ni a mhathadh, gach ni a dhichuinneachadh, agus gach ni a bhuilachadh air gach aon an ni urnaigh ruit.

Air sgath t-ainm caomh, O Iosa, a dhruigh air cridhe T-Athair neamhaidh.

A dhuin ifrionn oirnne.

A dh'fhosgail flathanas dhuinn.

A thug dochas do liuthad peacach.

A chuir oillt air na deamhain.

A chuir solas air na h-anglean.

A bhrosnaich moran gu subhailcean diadhaidh a chleachadh.

A tha nochadh dhuinn na 's fhearr na gach ni eile.

Ciod a bha Thu riamh dhuinn.

Ciod a bha Thu dhuinn ann an àm do bheatha bhàsmhor.

Ciod a tha Thu dhuinn a nis air neamh.

Ciod a tha Thu dhuinn a h-uile latha.

N'ar paillcanan.

Air an Altair.

Anns a chomanachadh naomh.

N'ar cridheachan.

Thu air arsonne, agus gach ni ris a faod fiughair a bhi againn bho'd throcair chaoimh.

O Thighearna Iosa! Leig dhomh eolas a bhi agam ort agus gaol a thoirt dhut. Tha mi guidh nan gras so ort air sgath do shuilean beannaichte.

Air sgath nan suilean sin a bha cho tric a sealltcain suas ri neamh chum beannachd t Athair neamhaidh a ghriosad air arsonne.

Air sgath nan suilean beannaichte sin a chunnachdas cho bicheanta a cuir thairis leis na deoir a gathail fior thruas dhinne.

Air sgath nan suilean naomh sin a bheachdnaich ornne cho minic a leigail a thuigsin dhuinn eho caomh agus cho truachdanta 's tha Thu.

Air sgath nan suilean sin a bha cho tric a beachdnachadh ornne gus ar cronnachadh n'uair a bha sin a dol air seachran.

Air sgath nan suilean sin a bheachdnaich ornne chum air brosnachadh gu do leanntain agus gu sin fhein a liubhairt thairis dhut.

Air sgath nan suilean sin a thug air cridhe Pheadair teothadh ruit agus a thug air a shuileansa na deoir a shileadh gu frasach.

Air sgath nan suilean sin a dhuinear bho sholus an latha air a chrois.

Air sgath nan siulean beannaichte sin a tha a ghna a sior amharc ornne agus a tha dhuinne nan Suilean.

O mo Thighearn Iosa! Tha mi guidh ort do ghrasan a thoirt dhomh chum eolas a bhith agam ort agus fior-ghaol a thoirt dhut. Tha mi a griosad nan gras so ort air sgath do chasan beannaichte.

Air sgath nan casan naomh sin a bha cho bicheanta bruite, sgith, a leanachd ar lorg n'uair a bha sinn a dol air sheachran fada bhuat.

Air sgath nan casan naomh sin a stad cho minic a dh' fheithadh ornne.

Air sgath nan casan naomh sin nach do bhrist riamh a chuile-bhruite agus nach do mhuch an lion smuideach.

Air sgath nan casan beannaichte sin a bha riamh nan dion do pheacaich mhi-fhortanaich.

Air sgath nan casan sin aig an d'fhuair Magdalene bhrònach faoilte chaoimh.

Sith dha 'cridhe
Buaidh air a h-anamianain
Mathanas airson a peacanann
Fior shonas
Agus gaol dileas, blath
Gun-fhiaradh.

Air sgath nan casan beannaichte sin anns a bheil fhathast athailt nan tairngean a cheus iad ris a chrann, agus a tha daonnan a cuir an cuimhne dhut gach ni a rinn agus a dh'fhulaing

saothair, agus a tha fo eallaich agus bheir mise furtachd dhuibh."

Air sgath a bheoil naomh sin a thuairt "Is mise an aiseirigh agus a bheatha; esan a chreideas unnamsa, ged bhitheadh e marbh thig e beo."

Air sgath a bheoil naomh sin a thuairt "Thainig mise gu beatha a bhi aca, 'sa bhith aca nas lan phailte."

Air sgath a bheoil sin a thuairt "Cha eil Mac an Duine air tighinn gu frithealadh fhaighinn ach los frithealadh sa bheatha thoirt seachad gu moran a shabhaladh."

Air sgath a bheoil naomh sin a thuairt "Cha'n ann gu anmannan a sgrios a thainig Mac an Duine, ach gus an sabhaladh."

Air sgath a bheoil naomh sin a thuairt "Cha'n eil feum aig daoine slana air leigh ach aig daoine tinne: oir cha tainig mi a ghairm nan naomh ach nam peacach."

Air sgath a bheoil naomh sin a thuairt "Cinnidh an t-uisge a bheir mise dha 'na thobar uisge ann, a struthadh gu beatha shiorruidh."

Air sgath a bheoil naomh sin a thuairt "Iarraibh agus bheirear dhuibh; siribh agus gheobh sibh; buailibh agus fosglar dhuibh. Chionn a h-uile neach a dh'

An Deadh Bhuachail.,
A charaid dhileas,
Ar Tighearn agus ar Slanaighear.

---

O mo Thighearn Iosa! Leig dhomh eolas a bhi agam ort agus gaol thoirt dhut. Tha mi a guidh nan grasan so ort air sgath do chluasan truachdanta.

Air sgath nan cluasan truachdanta sin a tha daonnan fosgailte gu eisdeachd a thoirt do dh' urnaigh na feadhnach a tha easlainnt.

Air sgath nan cluasan truachdanta sin a daonnan fosgailte ri gearran a pheacaich bhochd aithreachail.

Air sgath nan cluasan truachdanta sin tha daonnan fosgailte do dhurachd na feadhnach leis a miann gradh a thoirt dhut.

Air sgath nan cluasan truachdanta sin a dh'eisd air a chrois ri aithreachas agus ri urnaigh dhurachdach an deadh mheirleaich.

---

O mo Thighearn Iosa! Leig dhomh eolas a bhi agam ort agus gaol fior a thoirt dhut. Tha mi guidh nan gras so ort air sgath do bheoil beannaichte.

Air sgath a bheoil naomh sin a thuairt "Thigibh gam ionnsuidhse uile a tha ri

iad a bhith nan aon, amhuil mar a tha sinne 'nar n'aon.

Air sgath a bheoil naomh sin a thuairt n'uair a bha thu air do cheusadh, "Athair thoir mathanas dhaibh, oir cha 'n eil fios aca ciod a tha iad a dianamh."

Air sgath a bheoil naomh sin a thuairt ris a ghadaiche n'uair a bha thu dol a thoirt a suas an deo deireanach "gu deimhinn tha mi ag radh ruit: an diugh bithidh thu maille ruimsa am pàrras."

---

O mo Thighearn' Iosa! Leig dhomh eolas a bhi agam ort agus gaol a thoirt dhut. Tha mi guidhe nan grasan so ort air sgath do chorp beannaichte.

Air sgath do cholunn bheannaichte a chaidh a dhealbh a fuil agus feoil do Mhathair Naomh le cumhachd a Spioraid Naoimh.

Air sgath do cholunn bheannaichte a chaidh a cheangal gu teann le ruip.

Air sgath do cholunn naoimh a chaidh a shàrachadh le droch-dhiol agus masladh.

Air sgath do cholunn bheannaichte a chaidh a bheubanachadh le trusdaireachd neo-ghlan 's le smugaidean.

Air sgath do cholunn bheannaichte a ghuilain eallach throm na croise.

Air sgath do cholunn bheannaichte a chaidh a reubadh leis a sgithach.

iarras, bheirear dha ; 'San neach a shireas, gheobh e ; 's an neach a bhuaileas fosglar dha." Agus a rithist "Is comasach a h-uile ni do 'n chreideach" agus a rithist. "A lag-chreidaiche carson a bha thu an teagamh."

Air sgath a bheoil naoimh a thuairt ris an duine air an robh an tinneas crithanach "Biodh misneach agad a Mhic, tha do pheacannan mathte dhut," a thuairt ri bantrach Naim "Na bi gal." A thuairt ris an lobhair. "Is aill : bi air do ghlanadh." A thuairt ri Magdalen, "Tha do pheacannan mathte dhut falbh an sith." A thuairt ris a bhana-Chan aanaich "O bhean is mor do Chreideamh - biodh e dhut mar is aill leat."

Air sgath a bheoil naoimh sin thuairt ri t-athair neamhaidh an oidhche mu'n do shiubhail Thu "Ach cha'n ann air an sonsan a mhain a tha mi guidhe ach air an sonsan cuideachd a thig gu creidsinn unnam tromh 'm facal san : gus iad a bhith uile nan aon, mar a tha Thusa Athair, unamsa, agus mise unnadsa, gus iadsan mar an ciadna bhith 'nan aon unnain ; 'a los gun creid an Saoghal gun do chuir thusa mi. 'Sa ghloir a thug thu dhomh, thug mise dhaibhse gu

Air sgath do chorp naomh grian Jerusalem air neamh,

---

O mo Thighearn 'Iosa! Leig dhomh eolas a bhi agam ort agus fior ghaol a thoirt dhut. Tha mi a griosad nan grasan so ort air sgath t-fhuil phriseil.

Air sgath t-fhuil phriseil a dhoirt air latha'n tiomchioll-ghearraidh.

Air sgath t-f huil phriseil a chaidh cheana' thairgse dha t-Athair neamhaidh n'uair a chaidh Thu Fhein a thairgse anns an teampull.

Air sgath t-fhuil phriseil a bhruchd tromh d' chorp naomh ann an garradh Gheth-semane agus a sthruth gu frasach gu làr.

Air sgath t-fhuil phriseil a chomhdaich do chorp naomh n'uair a chaidh do sguirsadh ris a phosta.

Air sgath t-fhuil naomh a chomhdaich do ghnuis bheannaichte n'uair a chaidh do chrunnadh le sgithach.

Air sgath t-fhuil phriseil a bhruachd a mach tromh d'lamhan agus tromh d' chasan n'uair a chaidh do tharngneachadh ris a chrann.

Air sgath t-fhuil phriseil a ghlaodh gu h-ard ri t Athair airson mathanas dhuinne na bu dhurachdaich na ghlaodh fuil Abel airson grad-cheartas.

Air sgath do cholunn bheannaichte 'chaidh a cheangal ris a chrois.

Air sgath do cholunn bheannaichte a chaidh a threugsinn tromh 'n gaol a thug Thu dhuinne, gu fearg bhaobh dhaoine coirbte, a bha gun truas, gun iochd, gun trocair.

Air sgath do cholunn naomh a chaidh a bheubanachadh le 'd 'fhuil phriseil fhein.

Air sgath do cholunn naomh a bha mar aon chreuchd mhor air a chrois.

Air sgath do chorp naomh a chaidh a charadh ann an uchd do mhathair bheannaichte an deigh dhut an deo a thoirt a suas.

Air sgath do chorp naomh a chaidh a thasgadh anns an uaigh.

Air sgath do chorp naomh, prìs mhor urramach ar saorsa.

Air sgath do chorp beannaichte a tha gach latha ga iobairt air an altair.

Air sgath do chorp beannaichte a tha daonnan a lathair n' ar paillcannan naomha.

Air sgath do chorp naomh a tha na bhiadh dhuinn.

Air sgath do chorp naomh a tha na bheatha dhuinn.

Air sgath do chorp naomh fuaran gach leigheas agus gach subhaile.

Air sgath do chorp naomh, ar sgiath, ar dion, ar dochas, ar cuibhrionn, ar n'ionmhas gaolach.

Air sgath do Chridhe naomh a thug air do Chluasan eisdeachd ri urnaigh luchd a bhroin, agus ri athreachas 's ri dochas nan uile pheacach.

Air sgath do Chridhe beannaichte a thug air do shuilean amharc a nuas oirnne.

Air sgath do Chridhe naomh a chuir ad 'cheann na briathran beannaichte sin a thug dhuinne a leithid do mhisneach.

Air sgath do chridhe naomh a rinn iobairt-dhe 'd chorp naomh air Cnoc Chalbhari agus a tha gach latha a tairgse na h-iobairt ghloir-mhor chiadna air ar n' altraichean.

Air sgath do Chridhe naomh a dhoirt gach boinne dhe' t-fhuil air arsonne.

Air sgath do Chridhe naomh a chaidh a shathadh air arsonne.

Air sgath do Chridhe naomh a tha an comhnuidh a fnireachd fosgailte air arsonne, los gun tuinich sin ann le mor earbsa mar ar dachaidh ghaolach, far am faigh sinn mor dhochas n'uair a bhitheas cuimhne ar peacannan a cuir oirrnne; far am faigh sinn sonas n' uair a bhitheas sinn fo bhròn; solus n'ar dorchadas; leigheas n'ar tinneas; neart n'ar laigse agus n'ar uireasaibh; gach uile gras agus uile shubhailc.

Air sgath t-fhuil phriseil a chaidh a dhortadh air arsonne, peacaich thruagh mar a tha sin, agus a tha gach latha ga tairgse air arson.

Air sgath t-fhuil phriseil a thaom a mach bho'd Chridhe naomh an deigh do bhais, n'uair a chaidh do leòn leis an t-shleagh.

Air sgath t-fhuil phriseil a tha gach latha 'struthadh air gach Altair.

Air sgath t-fhuil phriseil dhath bheil sinn ag òl anns a Chomanachadh naomh agus mo'n d thuairt Thu Thein "An Neach a dhitheas M'fheoil agas a dh'olas M'fhuil tha 'bheatha shiorruidh aige"

---

O Mo Thigearn 'Iosa! Ghuidh mi ort; eolas a bhi agam ort agas gaol thoirt dhut: ghuidh mi na grasan sin ort air sgath t-Ainm beannaichte; air sgath do Lamhan agus do do Chasan; air sgath do Shuilean agus do Chluasan truachdanta; air sgath do Bheoil Naomh agus do Chorp gloirmhor agus air sgath t-Fhuil phriseil. Ciod a tha dhomh a nis ach na grasan ciadna ghriosad ort air sgath do Chridhe Naomh.

Air sgath do Chridhe naomh a thug ort t-ainm beannaichte Iosa 'ghabhail.

Air sgath do Chridhe naomh a stiuir agus a threoraich do lamhan agus do chasan agus a theannaich ris a Chrois iad.

# LEASACHADH.

---

O mo Thighearn 'Iosa! Tha mi a griosad na grasan so ort. Leig dhomh gaol a bhi agam ort agus fior eolas. Tha mi a guidh nan grasan so ort air sgath do Mhathair, Moire naomh.

Air sgath do Mhathair bheannaichte gun smal, air nach d'fhuair am peacadh buaidh.

Air sgath do Mhathair bheannaichte an dara EUBH. a bhean sin a bha ri tighinn chum ceann na nath'rach a bhruanadh.

Air sgath do Mhathair naomh a tha lan do na grasan agus a tha beannaichte a measg na mna.

Air sgath do Mhathair naomh dha n rinn Thu mor ghriomhan.

Air sgath do Mhathair ghloirmhor dha 'n aill leat modh a thoirt.

Air sgath do Mhathair iriseal a thuairt ris an aingleal "Seal bean-mhuinntir an Tighearna.."

Air sgath do Mhathair thaingail, a thuairt "THA M' ANAM a g-ardachadh an Tighearna."

Air sgath do Mhathair bheannaichte a a ghiulain Thu air a giulan.

Air sgath do Chridhe naomh a ghraidhaich clann-dhaoine le leithid do ghaol agus a tha fhathast gan graidhachadh cho dian ged nach eil iadsan ach a toirt beag graidh dhutsa.

Air sgath a Chridhe naomh sin a rinn agus dh'fhulaing na h-uiread air arsonne agus a tha cadhain a ghna ga chaitheadh fhein air arsonne.

Air sgath do Chridhe naomh a thug se fhein dhuinn cuideachd an deigh dha gach ni eile a thoirt dhuinn.

Iosa! dian trocair orm.

Iosa! Leig dhomh eolas a bhith agam ort.

Iosa! Leig dhomh gaol a thoirt dhut.

Iosa ! Leig dhomh mi fhein a cheangal ruit gu brath.

Iosa ! Gu'm bi do thoill gu'n caith mi mo bheatha ann ad ghaol.

Iosa ! Tha mi gam choisrigadh fhein riutsa. Tha mi a coisrigadh ruit mo chorp, m'fhuil, mo chasan, mo lamhan, mo shuilean, mo chluasan, mo bhial agus mo chridhe rè amasir agus 'san t-shiorrachd.

Fan beo 'am chridhe gu brach O Thighearn' Iosa.

Air sgath do Mhathair bhrònach a chaidh a mach gu t fhaicinn a fulang bàis agus a thachair ort air an t-slighe gu Calbhari.

Air sgath do Mhathair bhrònach a chunnaic Thu a tuiteam fo collach throm na croise.

Air sgath do Mhathair mhacanta a dh'fhigh do Chullaidh gun fhaitheam agus a chunnaic Thu air do spuinnadh dheth.

Air sgath do Mhathair thursach a sheas faisg ort n'uair a shin iad Thu air do leaba bhàis.

Air sgath do Mhathair a dh'eisd gu faighidneach n'uair a bha na tairngean gam bualladh a sios.

Air sgath do Mhathair a chunnaic domblas ga thoirt dhut ri òl.

Air sgath do Mhathair a sheall ort air do cheusadh ris a chrann.

Air sgath do Mhathair a ghuidh riut airson a ghadaiche agus airson nan Iudhach.

Air sgath do Mhathair mhacanta, a thug Thu dhuinne gu bhi na Màthair dhuinn.

Air sgath do Mhathair mhuladach a bha fianuisach air do spairn.

Air sgath do Mhathair bheannnaichte air nach do ghabh a ghraisg mholaichte truas.

Air sgath do Mhathair' an Oigh bheannaichte a chaid a thamailteachadh maille riut.

Air sgath do Mhathair chumhachdaich a naomhaich an leanabh agus a thug air gairdeachas a dhianadh air giulan a mhathair n'uair chual e a guth.

Air sgath do Mhathair bhoedh, iriseal a thug thun an t saoghail so Thu ann am Bethlehem.

Air sgath do Mhathair chiuin bhlath-chridheach a ghiulain Thu air a gairdean, a chuala do chiad ghearan, 'dhur-bheachdnaich ort, a ghairm Thu air t-ainm, a theormaich do dheoir agus a g-araich Thu n'uair a bha Thu ad leanabh.

Air sgath do Mhathair shamhach n'ach d'aithris riamh a moralachd.

Air sgath do Mhathair dhiomhair a ghleidh na cridhe gach ni mu'd dheibhinnsa.

Air sgath do Mhathair a fhuair a cuibhroinn do gach sonas agus bròn a dh' fhairaich Thu ré do lathean agus aig uair do bhàis.

Air sgath do Mhathair dhileas a theich leat do 'n Eiphait, a dh' fhuirich leat ann an Nasareth, a bha gu brònach air do thoir, n'uair a chaill i Thu, agus a fhuair Thu le mor-aoibhneas.

Air sgath do Mhathair striochdte a thug soraidh leat n'uair a thainig t-àm gu dealachadh rithe.

Air sgath do Mhathair bhlath-chridheach a dh'iarr ort uisge a thionndadh gu fion.

Air sgath do Mhathair ro-umhail a chunnaic Thu a dol suas air neamh agus a dh' fhan i fhein air talamh.

Air sgath do Mhathair ro-fhaighidneach a dh'fhuirich ann an tir-aineol agus a bha curamach mu t-Eaglais naomh na' leanabanachd.

Air sgath do Mhathair naomh a chaith as leis a ghaol a thug i dhutsa, agus a chaochail le gaol ortsa.

Air sgath do Mhathair bheannaichte aig a bheil chridhe a reir do Chridhe Fhein.

Air sgath do Mhathair, a tha coltach riutsa, agus a tha ga'd fhaicinn mar a tha Thu, a tha na suidhe air do dheas lamh, na Ban-righ air Ainglean agus air daoine, agus Mathair Dhe.

Air sgath do Mhathair Moire naomhdion nam peacach, roimh math leat gach ni math a thiginn gar n'ionnsaidh.

Air sgath do Mhathair naomh a chuala Thu ag radh "Tha pathadh orm" agus nach b'urrainn dhi do chomhnadh.

Air sgath do Mhathair a chunnaic a chrioch n'uair a bha gach ni crioch-naichte.

Air sgath do Mhathair a chualadh do ghlaodh deirannach.

Air sgath do Mhathair a sheas ri taic na Croise n'uair a chrom Thu do cheann agus a thug Thu suas do spiorad an lamhan T-Athair.

Air sgath do Mhathair a dh' fhulaing dorruinn na' martirean agus a dh' fhuirich beò ad dheighsa.

Air sgath do Mhathair a chunnaic do Chridhe air fhosgladh.

Air sgath do Mhathair bheannaichte a lot claidheamh a bhròin tromh 'n chridhe.

Air sgath do Mhathair mhuladaich a ghabh do chorp thar na croise agus a bheachd-naich air gach leòn.

Air sgath do Mhathair bhrònach, aonaranaich a shuidh ri taobh na h-uaigh agus a ghuil gu goirt 'an uaigneas,

Air sgath do Mhathair a mhiannaich t-aiseirigh ghloir-mhor fhaicinn.

Air sgath do Mhathair a bha bho thoillinn-tinn a chionn gun ro Thusa sona agus ann ad ghloir.